


Hall 195 h.1(1-22)

National Library of Scotland



B000274327

THE FLIGHT OF TIME:

OR

LUATHAS UINE.

Is gnàth leinn o' ar 'n òige, bhi toirt fainear toiseach gach bliadhna—bhi coimhead mar fhèill, an cèud la' do gach bliadhna—bhi guidhe soirbheachaidh do chàch a chèile, agus an dèigh sin leigeadh leis an ùine ruith, gun chùram, gus an d'theid bliadhna eile seachad, agus an d'thig an cèud la' do'n athbhliadhna, a chur-na'r cuimhne gu bheil an ùine a ruith—ar beatha dol seachad—agus bàs agus siorruidheachd a tarruing am fagus.

Tha na laithean fèille so dhuinne mar a tha clacha-mìle do fhear turuis, a'g innscadh an astair a thia e dol, ach leis an eadar-dhealach a so, nach innis iad dhuinn an t-astar a tha romhainn, mu'n ruig sinn crioch ar turuis.

Le amharc air an t-sluagh, air na laithibh fèille so, shaol-adh neach gu bheil “ luathas na h-ùine” na aobhar gàird-eachais doibh, gu bheil an fhèill agus an gàirdeachas a chithearnan dearbhadh air gu bheil làn dòchas aca air staid is fearr anns an t-saoghal ri teachd—gu bheil iad gu taingeal, a coimhead fèill, le gàirdeachas, airson gu bheil luathas na h-ùine gan toirt ni's faigse don staid shona sin.

Ach ciod mar a tha chùis maille riu?—S gann a gheabhar aon ann a' mìle, aig am bheil dochas ccart, 'nuair nach bi ùine ann da thaobh-san ni's mò, gu'm bi chùis ni's fearr inaille ris. Tha dòchas, agus tògra, agus sonas, na cuid as mò don chinneadh-daona, air an suidheachadhl air nithe na beatha so,—agus ged a tha e air innseadh dhoibh gu bheil toil-intinn a pheacaidh, neo-fhreagarrach do bheatha no diadhachd, agus do dhòchas an t-soisgeul—gidheadh *ruithidh iad an cunnart*—gabhaidh iad air an aghaidh gu h-ann-dàna, air an t-slighe lethain.

Agus am bheil e iomchuidh gum biodh luthas na h-ùine

air a chomharrachadh le mi-riaghailt, agus le daoraich? Am bheil e iomchuidh gun dcanadh creutoirean neo-bhàsmhor, a tha greasad chum siorruidheachd, smuaintinean diadhaidh fhuadachadh air falbh, le fearas-chuideachd, "gus le cuach na pòiteireachd? Am bheil e iomchuidh gun dcanadh creutoirean a tha faotuinn a liuthad trocair o'n Chruth-fhear, na beannachdan sin a ghnathachadh chum eas-urraim thoirt da Ajnm?

"Bha iad, anns na laithibh roimh an tuil, ag itheadh agus ag òl, a' pòsadh agus a' toirt am pòsadh," "gus an d' thanaig an tuil, agus an do sguab i air falbh iad uile"—agus air an àm a ta lathair, tha daoine ag itheadh, agus ag òl, agus ri gàirdeachas, 'nuair a tha anì bàs a gearradh sios chèudan mu'n cuairt doibh—tha an ceùd la' do gach bliadhna a tha dol seachad a leigeadh ris doibh gu bheil àiteachan falamh, sa chuideachd, a measg an càirdean; gu bheil cuid, da'n dìlsean, a bha leo aig an fhèill, air a chèud la' do'n bhliadhna chaidh seachad, a nis ann an siorruidheachd—tha so a labhairt le canmhuin dhrùighteich, agus ag radh, "bithibh-sa uime sin dcas mar an ceudna!"

A leughadoir, an do smuaintich thu riabh gu dùrachdach air do chrich dheireannaich? An do smuaintich thu riabh gu dùrachdach, mun d' theid moran bhliadh-nachan seachad, gun d' thig la' bliadhna ùir, 'nuair a choinnicheas do chàirdean le cheile gu fèill, agus a ghuidhe soirbheachaidh da cheile, *gum bi t-aite-sa falamh*—cha'n aithnich an t-àite a' b'abhaist duit a thaithich thu nis mò, agus cha'n fhaic na càirdean Icis am b'abhaist duit a bhi ri gairdeachas thu gu bràth tuille!

An do bheachdaich thu riamh ann a t-inntinn ort fein sìnte air leaba na h-easlainte—do bhuill, a tha nis gu làidir fuasgailte, air call an clì—do chorp, a tha fallain air caitheadh as—dreach do ghnuis air scargadh, agus aogas a bhais air t-aodan:—do shuilean air fàilneachadh, agus thu call—do fh'radhairc, do bhilean air atharrachadh dáth—do gluth briste agus do chuisse air stad—do chairdean gu dùrach a labhairt gu h-iosal—an t-iomlan a cuir an cèill gu bheil an uair air teachd anns an èigin duit bàs fhaotainn! Gach nì sàmhach, agus tosdach, duaichneachd a bhàis man cuairt ort—cha bhi féath gàire—cha bhi aoibh air aghaidh—cha bhi fuaim gairdeachais, na aidhcarr *an sin*—cha chluinear anail. ach gach cluas ag eisdeachd gu furachar, a feith-



eamli gus an cluinn iad an osna mu dheireadh—gach suil a dearcadh air do chorp caidhte, agus fiuthair aca, gach mion aid gum fàg an t-anam an tigh creadha! An do smuaintich thu riabh air an iolaich chràitich, agus a ghàir bhroin, a bhios a measg nan cairdcan as dìsl, 'nuair a bhios cát a bhàis seachad, agus a theid an t-anam gu caithir-abhèreitheanais, a dh'faotuinn a dhuais o' Dhia! Agus leis na nithe sin ann a taire, an urrainn thu gu neo-churamach, gairdeachas a dheanadh ann an luathas na h-ùine?

Bha thu gu minic ag iomchar corp neach eile chum na h-uaighe. Bha thu a measg an luchd-bròin, thecagamh gum bu tu fein neach a bu mhò bròn sa chuidcachd—gu'n deachaidh an t-ùllachadh a bha air a dheanadh, chum caraid dileas duit a chur sa'n uaidh, mar sgian roi' d' chridhe—phill thu dh'achaidh o'n adhlacadh, lan do thùirse agus do mhulad—ach an do smuaintich thu riabh gu'm bi do chàirdean fein, an ùine ghoirid, a pilltinn dh'achaidh gu brònach, an dèigh dhoibh do chorp-sa chàradh anns an uaigh, an tigh a tha air orduchadh do gach beo. An do smuaintich thu riabh gu dùrachdach, gu'm bi an t-scirbhcis mhuladach a bha thu fèin agus iadsan a deanadh do dhuslach neach eile, mun ruith ach beagan do bhliadhnaibh, air a deanadh dhuit fèin?—Agus leis na nithe sin agad san amharc, an urrainn thu gu neo-mhothachail bhi suilbhearra air son luathas na h-ùine?

“An uair a thig bèagan do bhliadhnaibh,” ars’ aon o shean “an sin san t-slighe air nach pill mi siubhlaidd mi.” Tha gach bliadhna tha dol seachad, ag radh nam briathra ceudna, “cha phill mi.” Tha bhliadhna chaidh a nis seachad ag radh, “cha phill mi am feasd.” Air an aobhar sin tha thu bliadhna ni’s faigse do’n bhàs agus do shiorruidh-eachd! A leughadoir, tha bhliadhna mu dheireadh—a’ mìos mu dheireadh—an la’ mu dhcireadh—agus an uair mu dlieireadh, dhuit-sa air aghaidh na talmhainn, do bhri air son lùathas na h-ùine, dlù do laimh.

Tha crìoch na bliadhna chaidh seachad, mar gum b’fheadh, a feoruich dhiot ’nan ceisdean a leanas,—*Ciod e bha thu deanadh?* *Ciod a bhuanachd, na ciod an call-dach a thainig ort, air a bhliadhna chaidh seachad?* agus *ciod a tha romhad a dheanamh, anns an am a ta ri teachd?*

Is e ’n fhreagairt a dh’ shaodadh mòran thoirt do’n chèud cheisd—“ bha sinn ag itheadh, agus ag òl, agus ri

sùgradh—a gabhail toil-inntinn, agus a deanadh ar beatha cho taitneach agus as conasach”—their dream eile—“bha sin gu dichiollach a cruinneachadh stòrais fa chomhair seann aòis.” Their dream eile ; “ bha sinn gu moch agus gu h-anamoch, a cosnadh ar n’ arain, a fhreasdal do’r fèum laitheal, chum air beatha chumail suas.” Feumaidh drcam eile aideachadh, gur e gleadhiadh as mò rinn iad, a bhi gan sgeadachadh fein le rìmheadh, an suil ri meas o chnuimhibh eile mar a ta iad fein—agus their dream eile “ gur fòghlum a bha iad a leantuinn”—agus aidichidh iad uile gur sonas air an robh iad an tòir.

Am bheil aòn diu sin, a leughadoir, na freagairt iomchuidh do cheisd cho cud’thromach ? An iad na nithe ud a tha thusa ag iarruidh, an sùil ri sonas ? An dean aòn diu, nan dean iad ùile, comhfhurtachd, na sòlas a thoirt duit air leaba do bhàis ? Am bheil thu faicinn aobhar as mò air son do bhith, na itheadh, agus òl, agus cadal, agus bàsachadh ? Am bheil ana-mianna na feola iomchuidh air son creutoir aig am bheil anam rèusonta ? Na bheil e iomchuidh gum biodh creutoir a tha air ord-uchadh air son siorruidheachd, a saothreachadh moch agus anamoch, a cruinneachadh saibhlreis ; nithe, an àite sonais a thoirt seachad, a bhcir càram agus iomaguin doibh-san uile a ta gan sealbhachadh ? An dean a bhi gu dicheallach ri saothair air son do lòin do leith-sgeul a ghabhail ann a bli deanadh dearmaid air cuibhrionn is fcarr, agus a mhaircas am feasd ? An urrainn duit smuainteachadh, car mionaid, gun deanadh an t-Uile chumhachdach creutoir a chruthachadh le anam rèusonta chum a laithean a chaitheamh air an talamh a sgeadaichiadh a chuirp, ’nuair a tha an t-anam a dheasbhuidh an truscain sin, a ni taitneach e an lathair a bhreitheamh ? Ni mò is ann chum a bhi lean-tuinn fòghluim, agus leasachadh buaidhean na h-inntinn amhàin, a fhuair thu do bhith ; cha ’n urrainn reuson amharc ni ’s faide na crìochan na beatha so, ach tha fhios againn ’o fhocal Dc, gu’n d’theid ùine seachad gu h-aithghear, agus gum bi i air a leantuinn le siorruidheachd ; air an aobhar sin, tha c soillcir, nach ’eil ni air bith eile a bu choir a bhi againn anns an amharc, an coimeas ri slàinte an anania, anns an t-siorruidheachd.

Eisd, a leughadoir, ciod a tha focal De ag radh mu na

nithibh o'm bheil mòran ag iarruidh sonais—"Dean gairdeachas, a dhuin' òig a' t' òige, agus deanadh do chridhe subhach thu ann an laithibh t.-òige, agus siubhal ann an slighe do chridhe, agus ann an sealladh do shùl ; ach biodh fhios agad air an son so uile gu'n toir Dia chum breitheanais thu."—"An cuir thu do shùilean air an ni nach 'eil ann ? oir gu cinnteach ni saibhreas sgiathan dha fein, mar iolaire a dh' itealaicheas chum nan neamh."—"Chia bhi tairbhe ann an saibhreas ann an la na fèirge."—"Is diomhain dhuibhse bhi'g eirigh gu moch, a bhi suidhe gu h-anmoch, ag itheadh arain a' bhròin; 'nuair a bheir esan codal d'a sheircin."—"Is fear beagan le h-eagal an Tighearna, na ionmhas mòr, agus buaireas leis."—"Uime sin na iarraighsa ciod a dh'itheas sibh, na ciod a dh'olas sibh ; oir a ta fhios aig bhur n-Athair-sa gu bheil fèum agaibh air na nithibh sin. Ach iarraighsa rioghachd Dhe, agus cuirear na nithe so uile ribh."—"Ach cia as a gheabhar gliocas ? agus c'ait am bheil ionad na tuigse ? Tuigidh Dia a slighe, agus is aithne dha a h-àite : Agus thubhairt e ris an duine, Feuch, eagal an Tighearn, is e sin gliocas ; agus an t-olc a thrèigsiùn, tuigse."

Ciod a bhuanachd a rinn thu rè na bliadhna chaidh seachad?—Ann a bhi leantuinn tolinntinn an t-saoghal, bhuanachd thu tuille eolais air olc,—is daor a choisinn thu do bhuanachd ; choisinn thu i air costas t-anama ! agus ann am fìrinn, tha do bhuanachd na call mòr dhuit!

Theagamh gun do bhuanachd thu saibhreas saoghalt ; ach ciod a chasd e dhuit ?—Air dhuit a bhi gu oidhearpach a tional storais, rinn thu dearmad air an t-saibhreas fhior—cha robh suim agad do'n "neamhnuid ro-luachmhoir"—thug thu thu fein a suas co-mhor do'n t-saoghal, agus nach 'eil, a nis, cridhe na iarrtas agad, an deigh an ionmhais neamhaidh sin, a ta ro-luachmhor os ceann nan uile nithe. B'fhearr dhuit gun robh do storas air a thilgeadh ann an doimhne na fairge, na 'n calldach agus an t-olc so tharruing ort fèin !

Theagamh gun do thèagair thu tuille foghlum—gu bheil do thluigse air a meudachadh—agus t-eolas air a chur am farsuingeachd,—ro mhaith. Ach ma chaith thu an ùine ris an fhoghlum sin, a bu choir a bhi air a caitheadh ag iarruidh eolas air do chridhe fèin—eolas air t'fhèum spioradail—eolas air Dia—agus eolas air Criod—tha do

bhuannachd na calldach eagallach ! Eisd ri briathraibh an Abstoil—" Seadh gun amharus, agus tha mi a' mcas nan uilc nithe 'nan call, air son ro-oirdhcirceis eolais Iosa Criosd mo Thighearna." Agus a ris—" ged thuiginn na h-uile runa-diomhair, agus gach uilc eolas, agus mi gun ghràdh agam"—gràdh do Dhia, gràdh do Chriosd, agus gràdh do dhuinc—" cha'n'eil anam ach neo-ni."

Ciod a chaill thu air a bhliadhna chaidh seachad ? Tha e air aithris mu Thitus, iompairie arайдh, 'nuair a rachadh latha seachad air nach do rinn e nì math sam bith, gun abradh e, " Chaill mi latha." Cia lìonmhòr iad, air dhoibh beachdachadh air a bhliadhna chaidh seachad, a d'fhaodas a radh, " Chaill mi bliadhna—chaith mi'n ùine a sìreadh aighear, storas, agus gliocas, an t-saoghail-so, ach cha do smuaintich mi, car aon mhionaid, air siorruidheachd, no air slainte m' anama!" An ann do'n t-saoghal, a tha thu caitheadh do bheatha ? Am bheil dochas fìrinneach agad ri cuibhrionn as fearr anns an t-saoghal ri teachd ? Mar eil, cuimhnich gun do chaill thu moran do 'd chuibhrionn—tha gach bliadhna tha dol seachad ga deanadh ni's lugha. Tha ùine, mar ghaduiche, ga goid air falbh. O gabh impidh, gu roghainn a dheanadh do'n " oighreachd a tha neo-thruaillidh, agus neo-shalaich, agus nach searg as."

A lèughadoir gun chùram ! nach iomadh cothrom luachmhòr air foghlum fhaotainn a leig thu seachad ! nach iomadh sochar air 'n do rinn thu dìmeas ! nach iomadh rabhadh a chuir thu an suaraicheas ! Tha thu greasad chum saoghal eilc—tha gach bliadhna gad thoirt ni's faigse do 'd'dhachaidh shiorruidh. Air an aobhar sin tha thu a' d' fhear turuis air an t-slighe tha treorachadh gu h-ifrinn ! O stad, agus thoir fainear ciod a tha thu call le t-amaideachd. Tha thu call sonais agus sìth san am a ta lathair—tha thu call co'chomunn maille ri Dia, ni dheanadh do lionadh le h-aoibhneas do' labhairt—tha thu reic do choir air sonas siorruidh, air son neo-ni—tha thu sgrios t-anama gu bràth—agus ciod a bhuanachd a ni suas air son call cho mòr ?

Theagamh gum fèud neach cigin, an leabhar beag so leughadh, aig an robh tlachd anns an diadhachd toiseach na bliadhna, ach a nis a chaill a bhlas air na nithe sin; ciod mar a thachair so, cha 'n urrainn thu innseadh, ach tha thu faireachadh tomhas do neo-chùram ann a t-inn-

tinn do thaobh do dhleasnais—chaill thu a' mothachadh a bha agad, aon uair, air olc a pheacaidh—cha'n'cil a nis uir ead eagail ort peacachadh agus a bha ort roimhe so—chriothnaicheadh tu'n sin, roimh na nithe as urrainn thu nis a gh'radh, agus a dheanadh gun agartas cogais, na näire. Ma's e so do chor, tha do staid eagalach—chaill thu beatlia na diadhachd—agus tha do choguis air a cruadhachadh. O thig chum a chroinn-cheusaidh agus amhairc air san a rinn thu lot. Agus gun doirteadh Dia ort spiorad nan gràs agus nan athchuingean ; agus gun d'thigeadh tu gu Criosd chum agus da thridsan gum faidheadh tu aithre-achas, agus maitheanas ann a t-uile aingidheachd !

Theagamh gum fèud neach èigin amharc anns an leabhar so, a tha, trid atharrachadh àite, agus o chaochla staid, dealuichte 'o na nithe a bha ga' chumail 'o iomadh olc. Theagamh gun do dh'fhag thu tigh do phàrantan, no gu'n do chaill thu caraid a bha ri faire chairis ort. Theagamh gun do sguir thu dholadh'eisdeachd an t-soisgeul—gun do thrèig thu sluagh an Tighearn,—agus gu bheil thu nis a' d' chombanach do na h-aingidh. A chrèutoir thruaigh ! Tha do staid muladach—duisgidh do chleachduin cràdh ann an cridhe gach naomh a tha gad fhaicinn. Ach cha 'n'eil e *fathast* tuille is anam-och gu pilltinn ris an Tighearna. “ Pill ris an Tighearn do Dhia, oir thuit thu le t-aingidheachd. Thugaibh lèibh briathran agus pillibh ris an Tighearn ; abraibh ris, Thoir air falbh ar n-uile chionta, agus gabh ruinn gu grasmhor ; mar sin bheir sinn seachad laoigh ar bilean.”

Ciod a tha mhiann ort a dheanadh san am ri teachd ? A'bheil thu cuir romhad gluasad mar a tha thu a deanadh ? An leig thu leis an t-saoghal do chridhe a ghleadhadh, 'nuair a tha thu air do ghiulan, gu luath, air sgiathairbh ùine chum siorruidheachd ? An iad na nithe sonruichte tha thu fathast ag iarruidh, ciod a dh'itheas tu, agus ciod a dh'olus tu, agus ciod a thoilicheas an fheoil duit, ciod na 's urrainn thu fhaotuinn do “ ana-mhiann na feola, do ana-mhiann na sul, agus do uabhar na beatha ? ” Ma's iad, tha do staid truagh : Na bi air do mhealladh, tha do shonas, no do thruaighe gu siorruidh, an earbsa ris co aca chuireas tu a nis do'n fheoil, no do'n spiorad. Mo chuireas tu do'n fheoil, buainidh tu truaillidheachd—ma chuireas tu do'n spiorad, buainidh tu a' bhèatha shùth-

ainn. Ma tha thu cur romhad buanachadh ann a bhi cuir do'n fheoil, tha thu diultadh comhairle Dhc an aghaidh t- anama fèin ; agus tha thu an cunnart Dia bhrosnachadh gu bhi ag radh, le ceart dhioghaltas, " Tha e air a dhluth- cheangal ri iodholaibh, leig lcis !" Gum a fearr lcat, mar neach aig am bheil slainte t- anama an cunnart, rioghachd Dhe, agus fhìreantachd-san iarraidh air-tus—tèicheadh chum Chriosd ncach as e didean a chiontaich—an àirc a tha chum peacaich a theàrnadh 'o stoirm na fèirge, a tha 'n crochadh os an ceann.

Nach 'eil lùathas ùine ag iarraidh ort deadh fhèum a dhicanadh do'n àm a ta làthair ? " Agus a nis c'ar son a ta thu a deanadh moille ?" " Uime sin a ta e ag radh, Mosgail thusa a tha a' d' chodal, agus eirich o na marbh- aibh, agus bheir Criosd solus duit." Am feadh sa tha thu cur dàil su chuis, nach feud teachdaire a bhàis grèim a dheanadh ort, agus do tharruing chum breitheanais ? Cionnas, an sin, as urrainn thu seasamh an lathair an Tì air am bheil thu a nis a deanadh tàrcuis ? Ciòd c a bhios na thearmunn duit ? An dean na sleibhteann agus na creagan tuiteam ort, agus t-fholach 'o ghnùis an ti a bhios na shuidhc air an righ-chaithir, agus 'o flieirg an Uain, neach a tha thu 'n tras a fògradh 'o d' smaointaibh ? Cha dean. O ! ma ta " Feuch Uan De, a ta toirt air falbh peac- aidh an t-saoghal ! " " Neach a ghuilain ar peacanna e fèin 'na chorpa fèin air a' chrann, chum air dhuinn bhi marbh do'n pheacadh, gu'm bitheamaid beo do fhìreantachd : ncach le a bhuillibh-san a tha sibh air bhur tearnadh."

Tha t-ùine ruith gu luath—tha latha nan gras a sìr dlol seachad—car son a bhithheadh tu cur dàil ann an teachd chum an t-Slanuighcar. Bi glic an diugh, oir theagamh mu'n d'thig an là màireach gu'n luidh a ghrian chum oidhche shiorruidh dhuitse, agus nach eiridh i ort ni's mò. " Feuch, a nis an t-am taitneach ; feuch a nis la na slainte." " Uime sin, mar a ta an Spiorad naomh ag ràdh, An diugh, ma chluinneas sibh a ghutk, na cruidh icibh bhur cridhe."

GLASGOW :

Printed by J. Niven & Son, Glassford Street,
For the GLASGOW RELIGIOUS TRACT SOCIETY, and Sold at their
Depositories, 158, Trongate, and 48, Glassford Street.
And in Edinburgh, at the Religious Tract Society's Depository,
6, East Register Street.

